

Nàiseanta 5 Gàidhlig Èisteachd Am Metagama Earrann èisteachd mu eilthireachd.

Anns a' phrògram *Eachdraidh nan Gàidheal* bidh sinn a' cluinntinn iomraidean co-cheangailte ri bàta ainmeil, am Metagama, a sheòl às na h-Eileanan an Iar gu ruige Canada ann an 1923.

Seo mar a dh'aithris Seòras MacCoinnich, fear-naidheachd bho phàipearnaidheachd nàiseanta, a bha an làthair air an fheasgair ud.

“Is gann gun creidsinn an sealladh a chunnaic mi air a' chidhe a-nochd. Bha trì cheud duine òga snasail ann, uile nan deiseachan is nam bonaidean, deiseil airson falbh. An dèidh an deagh shìde a tha air a bhith againn, bha aghaidhean a' mhòr-chuid loisgte leis a' ghrèin.

Thàinig oifigeach slàinte air tìr bhon bhàta. Rinn e sgrùdadadh air a h-uile neach a bha an dùil siubhal, is cha do thionndaidh e air ais ach aon duine.

Fhad 's a bha seo a' dol air adhart, chaidh uaislean a' bhaile a thoirt air bòrd agus fhuair iad sin cuairt a bha làn urraim agus fiòr aoigheil.

Mu dheireadh thàinig an t-àm airson an luchd-siubhail a dhol air bòrd. Nuair a bha iad a' leigeil beannachd le an càirdean, għluaiseadh an sealladh an cridhe bu chruaidhe. Màthraighean a' sileadh dheur gu frasach. Athraighean a' feuchainn am faireachdainnean a chleith is gun dol aca air.

Għlaċ duine òg mo shùil, oir bha e a' coimhead na b' òige na ochd bliadhna deug, sin an aois as isle aig am faodadh duine falbh. Cha robh còmhla ris ach a phiuthar òg agus bha grēim bàis aice air a làimh. Bhruidhinn mi ris, is thuirt e gur e cion cosnaidh a bha a' toirt air cùl a chuir ri tìr àraich.

Bha dithis mhinistearan am measg na bha ann, għabb iad ûrnaigh agus sheinn iad salm. B' e suidheachadh tiamhaidh a bha ann, le gach duine a' seinn agus fàileadh cùbhraidih fraoch a' losgadh a' tighinn thugainn. 'S e sin a bhios acasan a dh'fhalbh mar chuimhneachain air tìr an òige.”